

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

**Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:
an ìre-bogaidh (bogadh san Fhoghlam
Fharsaing Choitcheann
bho deireadh P3/toiseach P4 suas)**

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: an ìre-bogaidh (bogadh san Fhoghlam Fharsaing Choitcheann bho deireadh P3/toiseach P4 suas)

Prìomh fhiosrachadh:

- San ìre-bogaidh, bidh an curraicealam air fad a' leantainn air adhart 's e air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan ionnsachaidh.
- San ìre-bogaidh, bidh clann a' tòiseachadh air **sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla** agus iad ag ionnsachadh aig ìre nas luaithe thar raointean agus co-theacsaichean a' churraicealaim.
- Bidh tidsearan a' planadh ionnsachadh na cloinne gus briathrachas a leasachadh co-cheangailte ris na diofar raointean den churraicealam, sgilean cànan, gràmair agus tuigse air cànan is cultar na Gàidhlig.
- San ìre-bogaidh **bidh na tidsearan a' stiùireadh an ionnsachaidh gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig sna raointean curraicealaim air fad, a' gabhail a-steach na Beurla, a tha iad air ùr-thòiseachadh.**
- **An uair a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a lìbhrigeadh gu soirbheachail, bithear a' planadh an ìre-bogaidh a chumail a' dol tron bhun-sgoil a-steach dhan àrd-sgoil.**
- San àrd-sgoil, bithear a' toirt bogadh sa Ghàidhlig air adhart tro churraicealam farsaing coitcheann suas gu deireadh AS3 mar chòir aig an ìre as lugha.

8.1 San ìre-bogaidh, bidh an curraicealam air fad a' leantainn air adhart 's e air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan de dh'ionnsachadh. Mar sin, tha na modhan-obrach a th' air am mìneachadh gu h-àrd a' leantainn orra a thaobh na h-ìre-bogaidh, co-cheangailte ri bhith a' leasachadh fileantachd chloinne agus a bhith iomchaidh a thaobh aois is ìre. Bu chòir do sgrùdadh agus tracadh thidsearan de dh'adhartas is coileanadh dearbhadh gu bheil **stèidh làidir a-nis aig a' chloinn sa Ghàidhlig gus na sgilean sin a thoirt air adhart gu bhith a' leasachadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla** agus a bhith ag ionnsachadh aig ìre nas luaithe thar raointean agus co-theacsaichean a' churraicealaim.

8.2 Sna h-eisimpleirean as fheàrr, bidh an luchd-obrach a' nochdadh dealas air leth làidir **ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam air fad air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.** Bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile seòrsa ionnsachadh na chothrom dhan chloinn a bhith a' cluinntinn 's a' cleachdadh na Gàidhlig le cuideam aig an fhìor thoiseach air èisteachd is còmhradh. Bidh iad a' cleachdadh dhòighean cruthachail gus cothrom a thoirt don chloinn a bhith ag ionnsachadh a' chànain gu furasta agus ann an suidheachaidhean a bhios a' còrdadh riutha. Bidh seo a' gabhail a-steach modh-obrach air a phlanadh a thaobh gràmair ach cha bhi a' chlann mothachail air seo. Bidh e air a dhèanamh ann an gnìomhan co-obrachail, spòrsail agus tro bhith ag ionnsachadh òrain is abairtean sònraichte air an teanga. Bidh luchd-obrach ag obair còmhla ri daoine eile gus taic a thoirt do chlann agus do phàrantan a thaobh a bhith a' leasachadh 's a' cleachdadh a' chànain aig an taigh agus sa choimhearsnachd.

8.3 Sna h-eisimpleirean as fheàrr, san ìre-bogaidh bidh na **tidsearan a' stiùireadh an ionnsachaidh gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig sna raointean curraicealaim air fad, a' gabhail a-steach na Beurla, a tha iad air ùr thòiseachadh.** Bidh iad ga dhèanamh comasach don chloinn briathrachas a leasachadh co-cheangailte ris na diofar raointean den churraicealam, sgilean cànan, gràmair agus tuigse air cànan is cultar na Gàidhlig. Tha planaichean agus ro-innleachdan soilleir stèidhichte aca airson an cuideachadh gus seo a dhèanamh. Thar raointean a' churraicealaim, mar a bhios tidsearan a' seatadh bhuilean airson

ionnsachadh, bidh iad cuideachd a' seatadh fheadhainn co-cheangailte ri bhith a' leasachadh ionnsachadh na cloinne a thaobh na Gàidhlig. Bidh àite aig a' chloinn iad fhèin a thaobh a bhith a' seatadh nam builean sin a thaobh a' chànain stèidhichte air an fhios a bhios iad a' faighinn air ais a thaobh an cuid obrach. Tha an t-àm air falbh on chlas a thaobh tidsearan de 20 sgoilear Tro Mheadhan na Gàidhlig air a fhrithéaladh le luchd-obrach a bhruidhneas sa Ghàidhlig. Feumaidh tidsearan a bhith a' faighinn taic bho luchd-taic Gàidhlig a bhruidhneas Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd. Feumar an obair a phlanadh còmhla airson 's gun tèid am feum as fheàrr a dhèanamh dhiubh, taobh a-staigh an t-seòmar-clas agus nas fharsainge na sin. Feumaidh feallsanachd soilleir a bhith aig luchd-stiùiridh sgoile mun dòigh sa bheil iad a' dèanamh cinnteach gu bheil an cothromachadh a thaobh a bhith a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig fàbharach dhan Ghàidhlig. **An uair a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a libhrigeadh gu soirbheachail, bithear a' planadh an ìre-bogaidh a chumail a' dol tron bhun-sgoil a-steach dhan àrd-sgoil.** San àrd-sgoil, bithear a' toirt bogadh sa Ghàidhlig air adhart tro churraicealam farsaing coitcheann suas gu deireadh AS3 mar chòir aig an ìre as lugha.

